



## Tiotal: Mo bhodhaig an dràsta/a-nis

### Pàirt 1: Ainmean pàirtean mo bhodhaig

ìre: TREAS/CEATHRAMH

#### Ceanglan CfE

'S e ruith-thairis no ro-ràdh a tha seo airson ionnsachadh aig an DÀRNA ìre ach tha e a' leudachadh an raon theirmean agus briathrachais. Tha seo na thaic do ionnsachadh aig an Treas ìre but extends the range of terms and vocabulary. This supports the development of learning at Third Level on the impact of puberty and developing sexuality.

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod atharrachaidhean nam bhodhaig buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus air mo dhol-a-mach. HWB 2-47a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mu atharrachaidhean corporra is faireachail rè inbhidheachd is tuigsinn carson a tha iad a' tachairt is cho cudromach 's a tha glainnead phearsanta. HWB 2-48a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>A' cleachdadhbhriathrachas ceart airson nam pàirtean prìobhaideach den bhodhaig agus na buill-ghineamhainn, mar eisimpleir, cìochan, brillean.</li></ul>

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich daoin' òga na h-ainmean cearta airson pàirtean den bhodhaig, a' gabhail a-steach buill-ghineamhainn fhireann agus bhoireann, agus mar a tha iad ag obair.
- Gun aithinich clann gu bheil buaidh aig na h-atharrachaidhean bodhaig a thig rè inbhidheachd air faireachdainnean agus giùlan.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh pàirtean mo bhodhaig ainmeachadh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na diofar phàirtean dhem bhodhaig agus mar a tha iad ag obair.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-atharrachaidhean a bhios a' tachairt rè inbhidheachd.

**NÒTA:** 'S dòcha gu bheil daoin' òga air an t-ionnsachadh seo a chòmhach sa bhun-sgoil mu thràth. Ma tha, 's dòcha gu bheil fios aig cuid air na h-ainmean airson pàirtean den bhodhaig aca, no 's dòcha gum feum cuid dhiubh seo ionnsachadh airson a' chiad uair no ruith thairis air a-rithist. Ach tha leudachadh air an ionnsachadh san leasan seo. Cuidichidh tuigse air a' bhriathrachas san leasan seo le ionnsachadh nas fhaide air adhart anns a' bhloc seo air sileadh-mìosail 's fèin-bhrodadh agus ann an obair eile mu ghineadh. Ged a tha briathrachas soilleir ga chleachdadhbhriathrachas sna leasannan RSHP, tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn gun urrainn dhaibh briathran eile a chleachdadhbhriathrachas gus ceistean fhaighneachd no gus dèanamh cinnteach à tuigse. Bu chòir dhan tidsear/neach-foghlaim meòrachadh air ceistean a' cleachdadhbhriathrachas nan teirmean a tha sinn an dòchas a thòisicheas an neach òg air a chleachdadhbhriathrachas. Feuch gun a bhith a' dèanamh càineadh ma chleachdas iad falas a tha iad a' cleachdadhbhriathrachas aig an taigh no còmhla ri caraidean. Tha am fiosrachadh do phàrantan /luchd-cùraim a' brosnachadh an aon bhriathrachas a chleachdadhbhriathrachas aig an taigh.

#### Goireasan-taic

- SlaighdeanPowerPoint

- Eòlas-bodhaig fireann (3 mion. 21) dèante le amaze.org <https://youtu.be/G2ciOhidKpg>
- Eòlas-bodhaig boireann (2 mion.) dèante le amaze.org <https://youtu.be/j9QgcCK6FKM>
- Dealbhan/duilleagan a' sealltann buill-ghineamhainn air taobh a-muigh na bodhaig agus buill a th' air an taobh a-staigh.
- Cairtean le ainmean nam pàirtean bodhaig agus mìneachaidhean air Tòisich mar seo na bhios iad a' dèanamh.
- Cairtean bàn airson ceistean.

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

## Obair

1. Tòisich an leasan mar seo: Bidh an clas/a' bhuidheann a' dèanamh sreath leasanan far an ionnsaich daoin' òga tuilleadh mu na bodhaigean aca agus mar a bhios na bodhaigean aca ag atharrachadh nuair a tha iad a' fàs. Tha e cudromach gun tuig daoin' òga na bodhaigean aca, airson 's gun ionnsaich iad mu fheise agus tlachd a bharrachd air leatromachd agus breith.
2. Minich gu bheil a' phàirt seo dhen leasan mu ainmean phàirtean na bodhaig gus daoin' òga a chuideachadh a' bruidhinn air a' chuspair, agus ionnsachadh còmhla san t-seisean seo agus ann am feadhainn a leanas – can gum bi na daoin' òga eòlach air cuid dhe na faclan mar tha ach gum bi feadhainn ann a bhios ùr dhaibh. Inns dhaibh gum bi ionnsachadh ùr an seo cuideachd agus gum bi daoin' òga a' gluasad gu còmhraidhean nas adhartaiche. An toiseach ge-tà, dà chartùn goirid mu bhodhaigean fireann agus boireann. Coimheadaibh na filmichean, èist ri ciad bheachdan no ceistean sam bith, dèan cinnteach à tuigse agus an uair sin gluais air adhart gus fios agus tuigse a dhaingneachadh.

**Male anatomy** (3 mion. 21) <https://youtu.be/G2ciOhidKpg>

**Female anatomy** (2 mhion.) <https://youtu.be/j9QgcCK6FKM>

3. Tha dà shlaighd an seo ma tha thu airson na puingean bunaiteach a dhaingneachadh a-rithist. Seo an teacs a th' air an dàrna fear:

'S iad na **buill-feise** na pàirtean prìobhaideach de ar bodhaigean. Airson balach am bod agus a' chlach-bhalg agus do nighean a' phit. Ceangailte ris na buill-feise, air taobh a-staigh na bodhaig tha pàirtean ris an canar na **buill-ghineamhainn** bhon a tha iad air an cleachdadh airson bëibidh a dhèanamh.

4. **Ainmean phàirtean ar bodhaig:** Thoir seachad prop 1 agus prop 3. Leugh tro na diofar theirmean còmhla ris a' chlas. Dèan cinnteach gu bheil iad air sgaradh a dhèanamh eadar an liosta theirmean fireann agus an liosta theirmean boireann. Iarr air na daoin' òga obrachadh ann dithisean/triùirean gus leubailean a chur air na buill-feise fhireann agus bhoireann air na diagraman gun leubailean.
5. An ceann greis tillibh còmhla agus thoir dhaibh na **diagraman le leubailean** (prop 2 agus/no cleachd na slaghdean) agus iarr air na daoin' òga sùil a thoirt air mar a chaidh dhaibh. Obraich tro na cairtean/teirmean, iarr air na buidhnean innse far a bheil na pàirtean bodhaig. Mar a tha sibh a' dol air adhart, thoir sùil air cia mheud buidheann a tha a' faighinn nam freagairtean ceart no cia mheud teirm a fhuair feadhainn/mòran/a' mhòr-chuid ceàrr. (NÒTA: Nuair a tha sibh ag obrachadh tro na gniomhan, faighnich dha na daoin' òga a bheil faclan eile aca. Can gu bheil e ceart gu leòr na faclan sin a ràdh an-dràsta bhon a tha sinn airson a bhith cinnteach gu bheil gach neach a' tuigsinn an fhacail ùir. Èist ris na faclan seo agus freagair le bhith a' ràdh "An-diugh tha sinn a' ràdh 'x' ach cluinnidh sibh cuideachd am facial 'y' ga chleachdadh").
6. **Còmhradh:** Iarr air na daoin' òga còmhradh a dhèanamh stèidhichte air na ceistean air na slaghdean a leanas – an uair sin thoir fios-air-ais mu gach fear. Sgaoil iad thairis air 4 slaghdean, faigh fios-air-ais mar a tha sibh a' dol air adhart:
  - i. A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil e cudromach gum bi fios agad air ainmean pàirtean do bhodhaig?

- ii. Carson a bhios daoine uaireannan a' cleachdad fhaclan a tha eadar-dhealaichte bho na faclan cearta? Gu h-àraid nuair a bhios iad a' bruidhinn ri clann?
- iii. A bheil e cuideachail fios a bhith againn mu bhodhaigean dhaoine de dhiofar gnè? Ciamar a dh'fhaodadh am fiosrachadh seo a bhith feumail?
- iv. A bheil thu a' smaoineachadh gum bi am fiosrachadh seo feumail gus feise a thugisinn? No gineadh (mar a tha bèibidhean gan dèanamh?) No leatromachd?

**7. Dè na ceistean a th' agad mu do bhodhaig?** Thoir cairtean bàna dha na daoin' òga. Faighnich: *A bheil an leasan seo air ceistean a thogail a tha thu airson fhaighneachd?* Can riutha gum faod iad na ceistean a sgrìobhadh air na cairtean, nach fheum iad ainm a chur orra agus gum faod iad obrachadh leotha fhèin. Can ris a' chlas/a' bhuidheann gun cruinnich thu na cairtean agus gun leugh thu a-rithist iad agus ma tha ceistean ann air an urrainn dhuibh bruidhinn no far an urrainn dhut cuideachadh le freagairtean fhaighinn, tillidh a' bhuidheann/an clas thuca sna leasan a leanas. Airson crìochnachadh, nuair a tha thig an cruinneachadh a-steach, cuir an cuimhne nan daoin' òga gum faod iad daonnan tighinn thugadsa le ceist phrìobhaideach.

### Ceangal ris an dachaigh

*Dh'fhaodar an teacs seo a chleachdad airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun bhloc seo.*

Tha na daoin' òga ag obair air a' chuspair **mo bhodhaig**. Tha iad ag ionnsachadh mu atharrachaidhean sa bhodhaig aca rè inbhidheachd. Bidh cuid de dhaoine òga air tòrr dhen seo ionnsachadh sa bhun-sgoil no aig an taigh. Tha e feumail sgrùedad a dhèanamh trath san àrd-sgoil feuch a bheil daoin' òga air an t-ionnsachadh seo a chall. Airson cuid de dhaoine òga tha e feumail ruith thairis air cuid de rudan cudromach. Mar phàirt de na leasan air inbhidheachd, ionnsaichidh a' chlann air fad mu shileadh-mìosail (fuil-mhìosail ann an nigheanan) agus mu dheidhinn fèin-bhrodadh. Brosnaichidh na gniomhan ionnsachaidh dàimh dheimhinneach leis a' bhodhaig aca. Ionnsaichidh iad cuideachd na h-ainmean cearta airson buill-feise fhireann agus bhoireann agus ionnsaichidh iad mu na buill-gineamhainn. Tha na leasan bunaiteach seo a' ciallachadh gun urrainn do dhaoine òga barrachd ionnsachadh mu fheise, mar a tha bèibidh air a dhèanamh, torrachas agus breith. Tha na faclan a dh'ionnsaicheas na daoin' òga sa chiad leasan den bhloc seo gu h-ìosal, agus tha iad air am mìneachadh mar a leanas:

Bodhaig fhireann	Bodhaig bhoireann
<b>Toll-tòine/Anus:</b> 'S e seo am fosgladh aig fior dheireadh an t-siostam cnàmhaidh, 's ann troimhe a bhios an salachar a' tighinn a-mach. <b>Aotroman:</b> 'S ann an seo a bhios a' bhodhaig a' cruinneachadh agus a' cumail mùn bho na h-àirnean mus tèid thu dhan taigh-bheag/a mhùn. <b>Ro-chraiceann:</b> Is e seo an craiceann a tha a' còmhach bàrr a' bhuid. Ma thathar ga thoirt air falbh (air sgàth 's gu bheil e ro theann no airson adhbharan creideimh) 's e timcheall-ghearradh a chanar ris an seo. <b>Bod:</b> 'S e seo ball-feise an fhireannaich. Tha e air a chleachdad airson a dhol dhan taigh-bheag/mùn agus airson sìol a sgaoileadh/a chur a-mach. <b>Fàireag prostàta:</b> 'S e so an fhàireag bheag a tha a' suidhe dìreach fo aotroman fireannaich. 'S ann ann	<b>Toll-tòine/Anus:</b> 'S e seo am fosgladh aig deireadh an t-siostam cnàmhaidh, 's ann troimhe a bhios an salachar a' tighinn a-mach. <b>Aotroman:</b> 'S ann an seo a bhios a' bhodhaig a' cruinneachadh agus a' cumail mùn bho na h-àirnean mus tèid thu dhan taigh-bheag/a mhùn. <b>Muineal na machlaig/Cervix:</b> 'S e Muineal na machlaig a' phàirt ìosal dhen mhachlaig, mar as trice tha e mu 2-3cm a dh'fhaid le cumadh coltach ri siolandair. Bidh seo ag atharrachadh rè leatromachd. <b>Brillean/Clitoris:</b> 'S e seo ball-feise boireannaich. Tha e cudromach airson tlachd bhoireannach <b>rè feise</b> . <b>Pìob-uighe:</b> Dà phìob trom bi uighean a' dol bho na h-ughagan chun na machlaig. <b>Liopan-clòimheach/Labia:</b> Na liopan craicinn a tha nam pàirt dhen phit.

<p>a tha a' mhòr chuid dhen lionn ann an sìol-gin (na bhios a' tighinn a-mach nuair a tha fireannach a' sìolachadh) air a dhèanamh.</p> <p><b>Clach-bhalg:</b> 'S e seo am poca craicinn a tha a' cumail nam magairlean aig fireannach.</p> <p><b>Seminal Vesicle:</b> Bidh na fàireagan seo a' dèanamh cuid dhen lionn a th' ann an sìol-gin.</p> <p><b>Piob sìl:</b> 'S e seo a' phìob fhada trom bi sìol a' snamh, tha e cuideachd a' cuideachd le bhith a' toirt an DNA do shìol a dh'fheumas e airson maireachdainn beò.</p> <p><b>Magairlean:</b> 'S iad so na buill-ghineamhainn aig fireannaich a bhios a' dèanamh sìol.</p> <p><b>Fual-fheadain/Urethra:</b> 'S e seo a' phìob a tha a' ceangal d'aotroman agus do bhod airson 's gun urrainn dhut mùn. Tha e cuideachd a' tarraing sìuol nuair a bhios fireannach a' sìolachadh.</p>	<p><b>Ughlann:</b> 'S ann an seo a tha ceallan nan uighean air an dhèanamh. Bidh na h-uighean a' gluasad dhan mhachlaig, far am faodar an torrachadh le sìol.</p> <p><b>Cnàimh pubaig</b> 'S e pàrt dhen pheilbhis a tha seo.</p> <p><b>Fosglan a' chaolain/Rectum:</b> 'S e seo ceann an t-siostam cnàmhaidh, 's ann ann a bhios an salachar ga chumail mus tig e a-mach.</p> <p><b>Cnàimh an droma:</b> 'S e seo na cnàmhan a tha nad dhruim.</p> <p><b>Fual-fheadain/Urethra:</b> 'S e seo a' phìob a bhios a' tarraing mùn bhon aotroman.</p> <p><b>Machlag/Uterus:</b> 'S ann an seo a bhios foetus a' fàs rè leatromachd.</p> <p><b>Faighean:</b> Pàirt de bhuill gineamhainn boireannaich, tha e a' ruith bhon phit gu muineal na machlaig.</p> <p><b>Pit:</b> 'S e seo am ball feise a-muigh a chithear air boireannach.</p>
--	--

Bidh sinn a' cleachdadadh nan teirmean seo oir tha iad a' cuideachadh le bhith cur às do näire sam bith nuair a bhios sinn a' bruidhinn mu na pàirtean bodhaig sin. Cuideachd, tha eòlas air na faclan seo a' ciallachadh gun urrainn daoin' òga mìneachadh gu soilleir a bheil iad tinn no ma tha iomagain orra. Bidh eòlas air na teirmean sin a' cuideachadh le dòn chloinne bhon a bhios iad ag ionnsachadh gu bheil na pàirtean sin den bhodhaig priobhaideach. Bidh sinn a' brosnachadh phàrantan agus luchd-cùraim an aon bhriathrachas a chleachdadadh aig an taigh, tha sinn a' tuigsinn gum bi teirmean neo-fhoirmeil aig teaghlaichean airson pàirtean na bodhaig, ach dh'iarramaid gun gabh sibh ris an fheum na h-aon bhriathran a chleachdadadh 's a bhios aca san sgoil. Seo bileag fiosrachaidd sgoinneil bho Brook a bhios sinn a' toirt dhan òigridh: Bileag: Puberty and the Body <https://www.brook.org.uk/shop/product/puberty-the-body-handout>

### Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaibh RSHP seo:

- Mar a bhios mo bhodhaig ag atharrachadh rè fàs
- Sileadh-mìosail
- Fèin-bhrodadh

### Goireasan eile

- **So what is a vulva anyway?** 'S e bileag sgoinneil a tha seo a ghabhadh cleachdadadh san leasan seo no ann an leasan eile.  
[https://www.brook.org.uk/data/So\\_what\\_is\\_a\\_vulva\\_anyway\\_final\\_booklet.pdf](https://www.brook.org.uk/data/So_what_is_a_vulva_anyway_final_booklet.pdf) foillsichte leis a' bhuidheann British Society for Paediatric and Adolescent Gynaecology (BritSPAG) agus Brook.

## Nòtaichean Tidseir